

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Dihaoine 23/02/2012

Airson a sgaoileadh sa bhad

Comhairle do Cheannardan-sgoile gu bheil e nas cudromaiche na bha e a-riamh buannachdan dà-chànanaid a thuigsinn agus adhartachadh.

Tha e air innse do cheannardan-sgoile na h-Alba gu bheil e nas cudromaiche na bha e a-riamh gum bi iad ag adhartachadh buannachdan dà-chànanaid.

Aig co-labhairt ann an Glaschu, an dàrna co-labhairt fo aoigheachd Bhòrd na Gàidhlig, chaidh a ràdh ri ceannardan-sgoile bho air feadh na dùthcha gu bheil dà-chànanaid deatamach do shoirbheachadh na Gàidhlig. Dh'innis am prìomh òraidiche aig an tachartas, an t-Àrd-Ollamh Antonella Sorace, Proifeasair ann an Leasachadh Cànanais ann an Oilthigh Dhùn Èideann, do luchd-frithealaidh na co-labhairt gu bheil mòran bhuannachdan inntinneil ann do chloinn a bhith comasach air dà chànan a labhairt.

Mar ùghdarras air feadh an t-saoghail ann an raon leasachaidh dà-chànanaid, thuirt am Proifeasair Sorace gu bheil mòran phàrantan is luchd-teagaisg fhathast a' creidsinn gum faod dà-chànanaid troimh-chèile agus dàil inntleachdail adhbhrachadh ann an cloinn. Ann an da-rìribh, 's e a bha i ag ràdh, "Chan eil a leithid sin de chnapan-starra idir ann agus tha rannsachadh a' dearbhadh gum faodadh a bhith a' togail chloinne ann an seagh dà-chànanaid barrachd bhuannachdan a ghineadh, a thuilleadh air a bhith comasach air dà chànan a labhairt. Tha dà shiostam cànanais san eanchainn ga dèanamh nas sùbailte: 's e an t-uidheam a bharrachd a tha a' ceadachadh do chloinn dà-chànanaid a bhith nas èifeachdaiche nuair a tha iad a' dèiligeadh le suidheachaidhean iomadh-fhillte. Tha clann a tha dà-chànanaid a' leantainn na h-aon phàtranan leanmhainneach agus na h-aon chlachan-mìle ri clann aig nach eil ach aon chànan, agus mar sin chan eil cunnart ann a thaobh troimh-chèile eadar an dà chànan. Tha buannachd aig clann dà-chànanaid cuideachd a thaobh 's gu bheil an tuigse air cànan eile gan dèanamh mothachail aig aois òg gum faod sealladh diofraichte a bhith aig feadhainn eile. Sin nì a dh'fheumas clann air fad ionnsachadh aig àm air choreigin! Mar sin, ma tha cothrom ann air clann a thogail dà-chànanaid, bu choir taic a

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



thoirt dhaibh sin a dhèanamh gun teagamh sam bith.”

Thuir Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig, Màiri Nic Ille Mhaoil: “Tha e nas cudromaiche na bha e a-riamh gum bi luchd-teagaisg ag adhartachadh buannachdan dà-chànanais. Tha suidheachadh na Gàidhlig san àm ri teachd ann an Alba ag iarraidh taic mheudaichte do fhoghlam Gàidhlig aig gach ìre agus anns gach raon, a’ leantainn air adhart gu adhartachadh nas motha agus barrachd taic is leudachaidh. Tha co-labhairtean mar seo an-diugh, agus a’ cho-labhairt ann an Inbhir Nis san Dùbhlachd, cudromach gus mothachadh cheannardan-sgoile a thogail a thaobh buannachdan dà-chànanais is foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh Riaghaltas na h-Alba a’ foillseachadh Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2012-17 a dh’aithghearr, agus bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean eile gus dèanamh cinnteach à meudachadh bliadhna an dèidh bliadhna anns an àireamh de chloinn a’ clàradh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus mar sin a’ dùblachadh an inntigridh làithreach bhliadhnail de 400 gu 800 ro 2017.

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d gu steven@gaidhlig.org.uk no fòn-làimhe: 07557 481 081.

Tha na leanas saor airson agallamh:

Màiri Nic Ille Mhaoil, Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig. Fòn-làimhe: 07500 099 394

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For immediate use

Headteachers told it is more important than ever that they promote the benefits of bilingualism.

Scotland's headteachers have been told that it is more important than ever that they promote the benefits of bilingualism.

At a seminar in Glasgow, the second hosted by Bòrd na Gàidhlig, headteachers from throughout the country were told that bilingualism is essential to the survival of Gaelic. The key speaker at the event, Professor Antonella Sorace, Professor of Development Linguistics at the University of Edinburgh, told delegates that having two languages had “many cognitive benefits for children.”

A world leading authority in the field of bilingual language development, Professor Sorace said that many parents and teachers still believe that bilingualism can cause confusion and intellectual delay in children. In reality, she said, “there are no such drawbacks and research proves that bringing children up bilingually could have further benefits besides being able to speak two languages. Having two languages systems in the brain, makes it more flexible: it's the extra gear that allows bilingual children to be more efficient when they are faced with complex situations. Bilingual children follow the same patterns of sequence and milestones as monolingual children so there is no risk of confusion between the two languages. Bilingual children also have an advantage because their understanding of another language makes them aware, at an early age, that others can have a different point of view. That's something all children have to learn eventually! So if there is an opportunity to raise children bilingually, they should be supported to go for it without any hesitation.”

Head of Education and Learning at Bòrd na Gàidhlig, Mary MacMillan said: “It is more important than ever that teachers promote the benefits of bilingualism. The future of Gaelic in Scotland requires an increased support for Gaelic education at all levels and in all sectors leading to greater promotion, support and expansion. Seminars like that held today, and the one in Inverness in December, are important to make headteachers more aware of the advantages of bilingualism and Gaelic-medium education. The Scottish Government will

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



soon be launching the 2012-17 National Gaelic Language Plan and Bòrd na Gàidhlig will be working with the Scottish Government, Local Authorities and other agencies to ensure a year on year increase in the number of children enrolling in Gaelic medium education and doubling the current annual intake of 400 to 800 by 2017.

Ends

For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or mobile: 07557 481 081.

The following are available for interview:

Mary MacMillan, Head of Education and Learning, Bòrd na Gàidhlig. Mobile: 07500 099 394